

COGADH, CONNSPAID AGUS CÒRDADH

Cairtean Fiosrachaidh is Còmhraidh

1

Air Latha na Bliadhna' Ùire 2019 thèid cuimhne a chumail air an fheadhainn a chaill am beatha air HMY Iolaire.

Beachdaichibh air seo:

Saoil am bu chòir a' choimhearsnachd a bhith a' comharrachadh na mòr-thubaist 100 bliadhna an dèidh dhi tachairt?

2

Tha an clag na shamhla a tha ga chleachdadh gus a' mhòr-thubaist a riochdachadh.

Beachdaichibh air seo:

Saoil a bheil feum air samhla gus an fheadhainn a chaill am beatha a chuimhneachadh?
A bheil an clag na shamhla freagarrach air call na h-Iolaire?

3

Ghairm Breatainn cogadh air a' Ghearmailt nuair a dh'fheuch a' Ghearmailt ri ionnsaigh a thoirt air an Fhraing bhon Bheilg.

Beachdaichibh air seo:

Saoil an robh e ceart do Bhreatainn taic a shealltainn don Bheilg san dòigh seo?

4

Bha gairm reachdail a' ciallachadh gun robh fir aois 18-41 air an gairm gus sabaid airson na dùthcha, mura robh obraichean aca a bha deatamach airson iomairt a' chogaidh a chuideachadh aig an taigh.

Beachdaichibh air seo:

Dè ur beachd air gairm reachdail?
Saoil am bu chòir cead air a bhith aig fir diùltadh a dhol a shabaid?

5

Airson feuchainn ri smachd fhaighinn air an Roinn Eòrpa, dh'fheuch a' Ghearmailt ionnsaigh a thoirt air an Fhraing.

Beachdaichibh air seo:

Saoil carson a bhios dùthchannan a' dol a chogadh ri chèile?

6

'S e a dhol a chogadh aon dòigh air connspaid eadar dùthchannan a rèiteachadh.

Beachdaichibh air seo:

Saoil an e a dhol a chogadh an aon dòigh air connspaid eadar dùthchannan fhuasgladh?
Dè eile a dh'fhaodadh dùthchannan a dhèanamh gus còmhstri a sheachnadh?

7

Chaidh na Dùthchannan Aonaichte (an UN) a stèidheachadh ann an 1945 an dèidh don Dàrna Cogadh crìochnachadh. Gheall 50 dùthaich gun gleidheadh iad sith agus tèarainteachd eadar dùthchannan agus gun cuireadh iad stad air rud sam bith a dh'fhaodadh an t-sith a chur ann an cunnart. Chaidh iarraidh air na dùthchannan a bha nam buill a bhith foighidneach, agus a bhith beò còmhla ri chèile ann an sith, mar dheagh nàbaidhean.

Beachdaichibh air seo:

Saoil carson a dh'fheumadh dùthchannan aontachadh gum biodh iad beò còmhla ann an sith?
An smaoinich sibh air suidheachadh san latha an-diugh far nach do ghlèidh dùthchannan an t-sith?
Cha do chuir a h-uile dùthaich an airm ris an aonta seo. Saoil carson a bha sin?